

# **Comhairle Siorrachd Rinn Friù**

## **PLANA GÀIDHLIG**

**2016-2021**

Chaidh am plana seo ullachadh fo Earrann 3 de  
dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005



## FACAL-TÒISICH

Tha Plana Gàidhlig Siorrachd Rinn Friù 2016-2021 a' cur an cèill amasan agus miannan na Comhairle a thaobh na Gàidhlig airson nan còig bliadhna ri tighinn. Bheir am Plana cunntas air mar a tha sinn an dùil a' Ghàidhlig a bhrosnachadh, a leasachadh is aithneachadh mar chànan oifigeil na h-Alba le co-ionannachd spèis leis a' Bheurla.

Tha sinn ag aithneachadh gu bheil a' Ghàidhlig air cur gu mòr ris an eachdraidh agus cultar againn agus cumaidh sinn oirnn a bhith a' cumail taic ri seo, a' feuchainn ri dhèanamh cinnteach gun toir am Plana againn taic ri leasachadh na Gàidhlig anns an sgìre tro bheatha a' Phlana agus nas fhaide air adhart.

Mar chomhairle, bidh sinn a' cur air dòigh siubhal airson clann a tha ag iarraidh a dhol a-steach do dh'Fhoghlam tro Mheadhan na Gàidhlig, cho math ri bhith a' cur air dòigh 3 clasaichean Gàidhlig seachdaineil do dh'inbhich. Tha fèill mhòr air na clasaichean seo, a tha air an toirt seachad sa choimhearsnachd ionadail.

Tha sinn a' tuigsinn gu bheil prìomh àite againn a thaobh cur air adhart a' chànan agus tha e na rùn dhuinn àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig adhartachadh agus gus cur gu mòr ri pròifil na Gàidhlig tron ùghdarras.

Tha coimhearsnachd Ghàidhlig againn ann an Siorrachd Rinn Friù a tha beag ach beòthail agus tha sinn gu mòr airson co-obrachadh leotha gus dèanamh cinnteach gu bheil am plana a rèir feumalachdan muinntir an àite. Tha sinn gu mòr airson an cànan agus cultar a dhìon agus tha sinn ag aithneachadh an àite a th' aige anns na coimhearsnachdan againn.

Mu dheireadh, nì sinn ar dìcheall a bhith ag adhartachadh is a leasachadh gus dèanamh cinnteach gum bi an cànan seasmhach mar phàirt de Shiorrachd Rinn Friù san àm a dh'fhalbh, san àm a tha an làthair agus san àm ri teachd.



Peter MacLeod  
Stiùiriche Seirbheisean Cloinne

# Clàr-innse

## Geàrr-chunntas

### Caibideil 1

#### Ro-ràdh

- Fiosrachadh mun ùghdarras phoblach
- Gàidhlig ann an sgìre obrach an ùghdarras
- Aonta do ar Plana Gàidhlig

### Caibideil 2

#### Bun-dhleastanasan

- Dearbh-aithne
- Conaltradh
- Foillseachaidhean
- Luchd-obrach

### Caibideil 3

#### Buidhean poileasaidh air a' Ghàidhlig: buileachadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig

- Togail Cànan
- Cleachdadh Cànan
- Inbhe Cànan
- Corpas Cànan

### Caibideil 4

#### Buileachadh agus Sgrùdadh

- Clàr-ama
- Sanasachd airson a' Phlana
- Ullachaidhean a thaobh rianachd
- Sgrùdadh Buileachadh a' Phlana
- Fios conaltraidh

## Geàrr-chunntas

Tha Comhairle Siorrachd Rinn Friù ag aithneachadh gu bheil a' Ghàidhlig na pàirt bhunaiteach de dhualchas, fèin-aithne nàiseanta agus beatha chultarach na h-Alba. Tha Comhairle Siorrachd Rinn Friù ag aontachadh ri amasan ro-innleachdail *Plana Nàiseanta na Gàidhlig* agus tha e air na structaran is iomairtean a chur air dòigh a tha a dhìth gus dèanamh cinnteach gum bi a' Ghàidhlig seasmhach ann an Siorrachd Rinn Friù san àm ri teachd.

Tha Comhairle Siorrachd Rinn Friù ag aithneachadh gu bheil suidheachadh na Gàidhlig anabarrach cugallach agus ag aithneachadh ma tha a' Ghàidhlig gu bhith air a h-ath-bheothachadh mar chànan beò ann an Alba, gu bheil feum air oidhirp cho-phàirteach aig an riaghaltas, na roinnean poblach is prìobhaideach, buidhnean coimhearsnachd agus luchd-labhairt fa leth gus:

- cur ri inbhe na Gàidhlig;
- togail agus ionnsachadh na Gàidhlig adhartachadh;
- meudachadh air cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh

Is e an sgrìobhainn seo Plana Gàidhlig Comhairle Siorrachd Rinn Friù a chaidh a dheasachadh taobh a-staigh frèam Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha i a' cur an cèill mar a chleachdas sinn Gàidhlig san obair againn agus mar a nì sinn cleachdadh na Gàidhlig comasach nuair a bhios sinn a' conaltradh ris a' phoball is ri ar prìomh chom-pàirtichean, agus mar a bhrosnaicheas agus a leasaicheas sinn a' Ghàidhlig.

Thathar air Plana Gàidhlig Comhairle Siorrachd Rinn Friù a chur ri chèile a rèir nan slatan-tomhais reachdail ann an Achd 2005, le mothachadh air Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus air an *Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig*.

## **Structar a' Phlana Ghàidhlig**

Is iad seo na prìomh eileamaidean anns a' Phlana Ghàidhlig *againn*:

### *Caibideil 1 – Ro-ràdh*

Tha a' chaibideil seo a' mìneachadh cùl-fhiosrachadh agus co-theacsa co-cheangailte ri deasachadh a' Phlana Ghàidhlig againn fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus mu structar prìomh raointean obrach Comhairle Siorrachd Rinn Friù. Tha e cuideachd a' toirt seachad geàrr-chunntas air deamografaidh na Gàidhlig.

### *Caibideil 2 – Bun-Dhleastanasan*

An seo, tha sinn a' mìneachadh mar a chleachdas Siorrachd Rinn Friù a' Ghàidhlig agus mar nì a sinn cleachdadh na Gàidhlig comasach a thaobh nam prìomh raointean obrach againn. Tha e a' coimhead air raointean obrach mar dearbh-aithne chorporra, soidhnichean, conaltradh leis a' phoball agus cleachdadh na Gàidhlig air an làrach-lìn againn. Tha a' chaibideil seo a' mìneachadh na h-ìre bunasaich as lugha de Gàidhlig a tha sinn a' gealltainn a sholarachadh ann am beatha a' Phlana.

### *Caibideil 3 – Buaidhean poileasaidh air a' Ghàidhlig agus buileachadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig*

Tha a' chaibideil seo a' cur an cèill mar a bhios Comhairle Siorrachd Rinn Friù a' cuideachadh gus Plana Nàiseanta na Gàidhlig a chur an gnìomh. Tha e cuideachd a' sealltainn mar a tha sinn an dùil Gàidhlig a chleachdadh ann am planadh agus libhrigeadh sheirbheisean. Tha a' chaibideil seo cuideachd a' coimhead air mar a bheir sinn feart air a' Ghàidhlig agus air a' Phlana Ghàidhlig againn nuair a bhios sinn a' dealbhadh phoileasaidhean ùra agus a' beachdachadh air ro-innleachdan ùra.

### *Caibideil 4 – Buileachadh agus Sgrùdadh*

Tha a' chaibideil seo a' mìneachadh mar a thèid am plana Gàidhlig againn a chur an gnìomh, agus mar a thèid sgrùdadh a dhèanamh air buileachadh agus toraidhean.

# CAIBIDEIL 1 – RO-RÀDH

## A' stèidheachadh Co-theacsa airson Deasachadh Planaichean Gàidhlig

*Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus libhrigeadh fios gum feumar plana Gàidhlig a dheasachadh:*

Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba gus inbhe na Gàidhlig a dhaingneachadh mar chànan oifigeil ann an Alba aig a bheil spèis cho-ionnan ris a' Bheurla.

Is e aon de na prìomh fheartan ann an Achd 2005 gu bheil ullachadh ann a tha a' toirt comas do Bhòrd na Gàidhlig toirt air buidhnean poblach Planaichean Gàidhlig a dheasachadh. Chaidh an t-ullachadh seo a chur ann gus dèanamh cinnteach gun dèan an roinn phoblach ann an Alba oidhirp gus an seas a' Ghàidhlig, le bhith a' togail na h-inbhe is na h-ìomhaigh aice agus le bhith a' cruthachadh chothroman prataigeach gus a cleachdadh.

*Co-chomhairleachadh air dreachd Plana Gàidhlig:*

Tha Achd 2005 ag ràdh gum feum buidhnean poblach deasachadh a' Phlana Ghàidhlig aca a thoirt gu aire a h-uile duine/buidheann aig am biodh ùidh sa chùis. Rinn Comhairle Siorrachd Rinn Friù co-chomhairle phoblach air an dreachd Plana Gàidhlig anns an Iuchar agus an Lùnastal an 2015 agus tha i air na beachdan a chaidh a thoirt dhi tron phròiseas co-chomhairleachaidh a thoirt fa-near.

*Aonta do Phlana Gàidhlig Siorrachd Rinn Friù:*

Thèid Plana Gàidhlig Siorrachd Rinn Friù a chur gu Bòrd na Gàidhlig airson aonta tràth ann an 2016.


## Tar-shealladh air foincseanan Comhairle Siorrachd Rinn Friù agus cleachdadh na Gàidhlig anns an sgìre obrach againn

Cùl-fhiosrachadh mun Ùghdarras Phoblach

'S e ùghdarras ionadail meadhanach a th' ann an Comhairle Siorrachd Rinn Friù a tha stèidhichte ann an Alba an iar agus a tha a' frithealadh sluaigh de 173,900 (Cunntas-sluaigh 2011). Am measg nam bailtean as motha san sgìre, tha Arasgain, Baile an Easbaig, Baile Iain, A' Bhruach Fhada, Cill Bhearchain, Drochaid na Cairidh, Elderslie, Houston, Howwood, Innis Fhionain, Linwood, Loch Uinneach, Pàislig agus Rinn Friù.

Tha Siorrachd Rinn Friù na siorrachd eachdraidheil a tha loma làn chomharraidheantire agus seallaidhean tarraingeach a tha a' comharrachadh na sgìre mar phrìomh àite airson cultar is dualchas ann an taobh an iar na h-Alba. Tha turasachd cudromach san sgìre le seallaidhean sgoinneil de nàdar rim faicinn ann am Pàirc Sgìreil Muirshiel Chluaidh agus na Gleniffer Braes, agus tha Abaid Phàislig, Amharc-lann Coats agus Bothan a' Bhreabadair am measg nan iomadh togalach eachdraidheil a tha a' ceangail a' choimhearsnachd agus an dualchas ri chèile. Tha Port-adhair Eadar-nàiseanta Ghlaschu suidhichte ann an Siorrachd Rinn Friù agus 's e am prìomh phort-adhair airson tursan tar-Atlantaig agus airson tursan plèana fada a-steach do dh'Alba. Tha bun-structar còmhhdail Siorrachd Rinn Friù air aon den fheadhainn as trainge ann an Alba tro mhòr-rathad an M8; a' phrìomh chuisle eadar iar-thuath agus iar-dheas na h-Alba.

A rèir cunntas-sluaigh na h-Alba 2011; tha sluaigh de 173,900 a' fuireach ann an Siorrachd Rinn Friù. Tha seo air èirigh bho 172,867 ann an 2001; àrdachadh de 0.6%. A rèir Clàr Albannach an Dìth loma-sheòrsaich, tha 14.7% de shluagh Rinn Friù bochd a thaobh teachd a-steach, agus 's e Pàirc Ferguslie an t-àite as bochda, an coimeas ris an ìre nàiseanta de 13.4%. Tha na figearan as ùire bho End Child Poverty a' sealltainn gu bheil mu 21% den chloinn ann an Siorrachd Rinn Friù ann am bochdainn.



## Comhairle Siorrachd Rinn Friù

Tha Comhairle Siorrachd Rinn Friù air aon de na 32 ùghdarrasan ionadail a chaidh a stèidheachadh tro Achd an Riaghaltais Ionadail (Alba) 1994. Tha còig prìomh sheirbheisean ann, a' gabhail a-steach seirbheis an Àrd-oifigeir, Goireasan Coimhearsnachd, Leasachadh is Taigheadas, Seirbheisean Cloinne agus Ionmhas agus Goireasan.

Tha 40 buill thaghte aig Comhairle Siorrachd Rinn Friù a tha a' riochdachadh 11 uàrdan-taghadh ioma-bhall, le 3 no 4 chomhairlichean aig gach uàrd. Chaidh na comhairlichean làthaireach againn a thaghadh aig Taghaidhean Ionadail na h-Alba, a chaidh a chumail air 3 Cèitean 2012. Anns a' Chomhairle, tha 22 comhairlichean Làbarach, 15 ann am Pàrtaidh Nàiseanta na h-Alba, 1 comhairliche Libearalach Deamocratach, 1 comhairliche Tòraidheach agus 1 chomhairliche neo-eisimeileach.

Tha làn smachd aig Pàrtaidh Làbarach na h-Alba air a' chomhairle. Bidh Comhairle Siorrachd Rinn Friù a' coileanadh nan dleastanasan aice tro bhith a' roinn rianachd nan seirbheisean eadar ghrunn bhòrd.



## Gàidhlig taobh a-staigh sgìre ùghdarras na buidhne

Tha Comhairle Siorrachd Rinn Friù air taic ghnìomhach a thoirt dhan Ghàidhlig anns a' choimhearsnachd, a' frithealadh farsaingeachd de chultaran, gus am bi co-ionannachd spèis aig a' Ghàidhlig agus a' Bheurla. Tha àireamh nach beag de luchd-labhairt is luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig ann an sgìre an ùghdarras agus tha e na rùn aig an ùghdarras a bhith a' cruthachadh siostam taic is ionnsachaidh seasmhach gus a' choimhearsnachd shusbainteach seo a chumail suas.

A rèir cunntas-sluaigh 2011, tha an àireamh de dhaoine le measgachadh sam bith de sgilean Gàidhlig, i.e. tuigsinn, bruidhinn, leughadh agus/no sgrìobhadh, air tuiteam bho 1837 ann an 2001 gu 1586 . Gu dearbh, tha gach measgachadh de chomasan air tuiteam bho 2001, ach a-mhàin “comas Gàidhlig a bhruidhinn, a leughadh agus a sgrìobhadh” agus “comas Gàidhlig a labhairt ach gun chomas Gàidhlig a leughadh is a sgrìobhadh” far an robh àrdachadh ann de dhithis is de 16. Tha coimhearsnachd na Gàidhlig ann an Siorrachd Rinn Friù beag ach tha taic agus cothroman ionnsachaidh ann air feadh na sgìre a tha a' feuchainn ri aghaidh a chur ris a' chrìonadh seo.

	Sgilean Gàidhlig ann am Siorrachd Rinn Friù		Sgilean Gàidhlig ann am Alba	
	2001	2011	2001	2011
Comas Gàidhlig a thuigsinn ach gun chomas Gàidhlig a bhruidhinn, a leughadh no a sgrìobhadh	703	521	26,722	23,537
Comas Gàidhlig a bhruidhinn, a leughadh agus a sgrìobhadh	488	490	31,218	32,191
Comas Gàidhlig a bhruidhinn ach gun chomas Gàidhlig a leughadh no a sgrìobhadh	371	387	19,181	18,966
Comas Gàidhlig a bhruidhinn is a leughadh ach gun chomas Gàidhlig a sgrìobhadh	125	80	7,934	6,218
Comas Gàidhlig a leughadh ach gun chomas Gàidhlig a bhruidhinn no a sgrìobhadh	99	73	4,744	4,646
Measgachadh eile de sgilean Gàidhlig	51	35	2,278	1,678
Gun sgil sam bith anns a' Ghàidhlig	165,382	167,491	4,808,415	5,031,167
An sluagh air fad, aois 3 no nas sine	167,219	169,077	4,900,492	5,118,223

## Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig 2013-14 ann an Siorrachd Rinn Friù

Sa bhliadhna 2013/14, bha 26 sgoilearan à Siorrachd Rinn Friù ann am Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig (FtG). Chan eil goireasan airson Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an Siorrachd Rinn Friù, is mar sin, bidh sgoilearan a' dol gu Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu. Tha FtG a' leantainn "Curraicealam airson Sàr-mhathais" mar a tha sgoiltean eile na h-Alba. 'S e an t-eadar-dhealachadh gu bheil a' teagasg tron Ghàidhlig. San Sgoil-àraich, thathar a' toirt a-steach Gàidhlig agus thathar a' brosnachadh na cloinne gus Gàidhlig a chleachdadh airson conaltradh cho tric sa ghabhas. Tha a' Ghàidhlig ga cleachdadh airson an ionnsachadh is teagaisg air fad sa chiad 2 bhliadhna sa bhun-sgoil, agus thathar a' toirt a-steach na Beurla airson leughadh is sgrìobhadh bho chlas 3 a-mach. San Àrd-sgoil, tha a' Ghàidhlig ga cleachdadh airson teagasg is ionnsachadh airson an uiread sa ghabhas de chuspairean.

Bidh Comhairle Siorrachd Rinn Friù a' faighinn £27,000 bho Riaghaltas na h-Alba airson Foghlam Gàidhlig aig an àm seo, lughdachadh bho £35,000 ann an 2009/10, agus bidh a' chomhairle a' cur ris an t-suim seo. Tha a' mhaoineachadh seo air a chosg air na leanas an-dràsta:

- Cosgaisean siubhail airson sgoilearan a tha a' frithealadh aonadan FtG ann an ùghdarrasan ionadail eile faisg air làimh
- Leasachadh na Gàidhlig agus a Cultar Siorrachd Rinn Friù a tha air a ruith le Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd a bhios a' ruith 3 clasaichean Gàidhlig: luchd-tòiseachaidh, eadar-mheadhanach agus adhartach.
- Oifigeir Leasachaidh Gàidhlig còmhla ri Inbhir Chulaidh agus Siorrachd Rinn Friù an Ear. Bidh an dà ùghdarras agus Siorrachd Rinn Friù a' pàigheadh còmhla airson cosgais an oifigeir seo, a tha ag obair fad 30 uair a thìde thairis air na trì sgìrean comhairle.

Tha Siorrachd Rinn Friù mar ùghdarras gu daingean airson foghlam Gàidhlig a chumail suas airson muinntir an àite agus airson daoine a tha ag iarraidh seo san àm ri teachd. Mar a chaidh a chur an cèill ann am Plana Seirbheisean Cloinne, tha ìre soirbheachaidh de 100% againn ann a bhith a' cur clann a tha ag iarraidh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a-steach gu sgoiltean Gàidhlig.

## Foghlam Coimhearsnachd

Tha an rùn seo a' nochdadh cuideachd anns na clasaichean Gàidhlig a bhios Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd a' toirt seachad. Bidh clasaichean a' gabhail àite thairis air trì làithean den t-seachdain agus tha trì clasaichean ann, le 16 ann an clas an luchd-tòiseachaidh, 10 ann an clas nan eadar-mheadhanach, agus 18 sa chlas adhartach. Tha 44 a' frithealadh nan clasaichean an-dràsta le 36 daoine a bharrachd air liosta-feitheimh airson àite fhaighinn ann an clas. Tha seo a' sealltainn cho follaiseach sa tha Ghàidhlig ann an Siorrachd Rinn Friù agus mar a tha feum leantainneach air daingneachadh agus fàs Tron Phlana seo, is urrainn do Shiorrachd Rinn Friù na h-amasan cearta a stèidheachadh gus dèanamh cinnteach gum bi na goireasan ann a tha a dhith gus na h-iarntasan a th' ann airson a' chànain a choileanadh.

Bliadhna ionmhais	*Riarachadh iomlan	Fior-chosgais	Cosgaisean na seirbheis	Seirbheis is Gnìomh	Sgoilearan
09/10	£46,666	£70,483	£66,714	Cosgaisean siubhail airson sgoilearan a' dol gu FtG	25 (tuairmsichte)
			£3,169	2 clas Gàidhlig air an cumail le Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd agus na tha comhairle Siorrachd Rinn Friù a' cur ri tuarastal an Oifigeir Leasachaidh Gàidhlig (17.5 uairean a thìde).	32
			£600	Pròiseact eadar-ùghdarrasail	n/a
10/11	£46,666	£60,931	£54,331	Cosgaisean siubhail airson sgoilearan a' dol gu FtG	25 (tuairmsichte)
			£6,000	2 clas Gàidhlig air an cumail le Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd agus na tha comhairle Siorrachd Rinn Friù a' cur ri tuarastal an Oifigeir Leasachaidh Gàidhlig (17.5 uairean a thìde).	32
			£600	Pròiseact eadar-ùghdarrasail	n/a
11/12	£44,000	£60,905	£54,905	Cosgaisean siubhail airson sgoilearan a' dol gu FtG	25
			£6,000	2 clas Gàidhlig air an cumail le Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd agus na tha comhairle Siorrachd Rinn Friù a' cur ri tuarastal an Oifigeir Leasachaidh Gàidhlig (17.5 uairean a thìde).	32
12/13	£40,000	£64,370	£58,370	Cosgaisean siubhail airson sgoilearan a' dol gu FtG	27
			£6,000	2 clas Gàidhlig air an cumail le Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd agus na tha comhairle Siorrachd Rinn Friù a' cur ri tuarastal an Oifigeir Leasachaidh Gàidhlig (17.5 uairean a thìde).	32
13/14	£36,000	£73,054	£54,060	Cosgaisean siubhail airson sgoilearan a' dol gu FtG	26
			£8,100	3 clasaichean Gàidhlig air an cumail le Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd agus na tha comhairle Siorrachd Rinn Friù a' cur ri tuarastal an Oifigeir Leasachaidh Gàidhlig (30 uairean a thìde).	44

\*Tabhartas Riaghaltas na h-Alba agus gealltanais ionmhasail Comhairle Siorrachd Rinn Friù.

Gàidhlig taobh a-staigh an ùghdarras ionadail

Tha 8143 luchd-obrach aig Comhairle Rinn Friù aig an àm seo a tha ag obair ann an diofar thogalaichean aig a' Chomhairle. Tha luchd-obrach air tighinn à farsaingeachd de dh'ùghdarrasan airson obrachadh taobh a-staigh na buidhne agus tha seo a' ciallachadh gu bheil farsaingeachd de sheallaidhean ann.

Rinneadh sgrùdadh air sgilean luchd-obrach Comhairle Siorrachd Rinn Friù agus fhuair 516 freagairtean. Chaidh suirbhidh den luchd-obrach a dhèanamh le farsaingeachd de cheistean gus faighinn a-mach dè an ìre de sgilean Gàidhlig a th' ann taobh a-staigh an luchd-obrach agus gus faighinn a-mach dè an comas a th'aig luchd-obrach na comhairle.

A-mach às an luchd-freagairt, bha 7 (1.36%) ag ionnsachadh na Gàidhlig aig an àm, ach cha robh ach 5 dhiubh sin a' faireachdainn misneachail a thaobh a bhith ag eadar-theangachadh.

Thuir 233 (43.13%) gum biodh ùidh aca anns a' Ghàidhlig, figear a tha gu math brosnachail a thaobh cor a' chànain ann an Siorrachd Rinn Friù san àm ri teachd.

Ach, cha robh fios ach aig 8.9% gun robh 3 clasaichean do luchd-ionnsachaidh rim faighinn taobh a-staigh an ùghdarras agus mar sin, bu chòir barrachd sanasachd a dhèanamh air na clasaichean seo gus dèanamh cinnteach gu bheil fios aig inbhich air na cothroman seo.

Bha pàiste ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig aig 6 (1.16%) den luchd-freagairt.

Bha grunn fhreagairtean deimhinneach ann mu leasachadh na Gàidhlig agus mar a ghabhadh a cur air adhart ann an Siorrachd Rinn Friù. Bha na freagairtean seo a' coimhead air Gàidhlig air soidhnichean, a bhith a' cleachdadh Gàidhlig ann an curraicealam na sgoile, an dà chuid aig ìre na bun-sgoile agus na h-àrd-sgoile, agus a bhith a' brosnachadh nan clasaichean Gàidhlig do luchd-ionnsachaidh barrachd. Tha leasachadh comas an luchd-obrach mar phàirt den phlana seo.

Tha trì buidhnean Gàidhlig ag obair ann an Siorrachd Rinn Friù aig an àm seo.

- Tha a' bhuidheann Ghàidhlig SONAS stèidhichte ann am Pàislig agus bidh i a' toirt seachad cùrsaichean ionnsachaidh airson inbhich. 'S e buidheann de chomasan measgaichte a th' ann, le daoine ann air a bheil ciorram agus daoine air nach eil, agus chaidh a stèidheachadh ann an 2003. Tha prìomh bhallrachd aig a' bhuidhinn seo de 20 duine.
- Chaidh Clann Gàidhlig a stèidheachadh ann an 2004 agus tha ballrachd aige de chòrr is 100, le buill a' tighinn bho na trì sgìrean ùghdarras ionadail Siorrachd Rinn Friù, Siorrachd Rinn Friù an Ear agus Inbhir Chluaidh. 'S e na prìomh amasan aca a bhith a' brosnachadh mothachadh air a' Ghàidhlig agus a cultar, a bhith a' toirt guth dhan a h-uile duine aig a bheil ùidh sa chànan agus a bhith a' cruthachadh chothroman dhaibh a bhith a' coinneachadh gu sòisealta gus an eòlas agus tuigsinn aca a chur air adhart.

- Bidh Gàidheil Phàislig a' coinneachadh gu tric cuideachd gus an cànan agus a chultar a chur air adhart tro thachartasan sòisealta.

## CAIBIDEIL 2 - BUN-DHLEASTANASAN

Anns an *Stiùireadh reachdail aca air Deasachadh Planaichean Gàidhlig*, tha Bòrd na Gàidhlig air aithneachadh gu bheil cruthachadh suidheachaidhean airson cleachdadh na Gàidhlig ann am beatha phoblach mar phrìomh eileamaid ann an àbhaisteachadh cleachdadh na Gàidhlig. Tha am Bòrd air ceithir prìomh raointean aig cridhe libhrigeadh sheirbheisean a chomharrachadh, a bu chòir buidhnean poblach a ghabhail os làimh ann an deasachadh Phlanaichean Gàidhlig:-

Aithne: aithne chorporra  
soidhnichean

Conaltradh: fàilteachas  
fòn  
post agus post-dealain  
foirmean  
coinneamhan poblach

Foillseachaidhean: dàimh phoblach agus na meadhanan  
stuthan clò-bhuailte  
làraichean-lìn  
taisbeanaidhean

Luchd-obrach: trèanadh  
ionnsachadh cànanain  
fastadh  
sanasachd

San earrann seo den phlana, thathar a' toirt cunntas mionaideach air prìomh ghealltanasan na buidhne poblaich a rèir *Stiùireadh a' Bhùird air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig*.

## **Buileachadh Amasan ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba**

**1. Nas beartaiche is nas cothromaiche**

**2. Nas glìce**

**3. Nas fallaine**

**4. Nas Sàbhailte is nas treasa**

**5. Nas uaine**

Bho 2007, tha còig Amasan Ro-innleachdail air a bhith aig Riaghaltas na h-Alba a tha mar bhunait dhan phrìomh 'adhbhar' aige agus tha a' mìneachadh an t-seòrsa dùthcha anns a bheil sinn airson fuireach – Alba a tha nas Beartaiche is nas Cothromaiche, nas Glìce, nas Fallaine, nas Sàbhailte is nas Treasa, agus nas Uaine.

Thathar a' creidsinn gun tig soirbheas tro bhith a' cur fòcas an riaghaltais agus nan seirbheisean poblach uile air coileanadh an Adhbhair seo, agus le bhith ag obair còmhla tro na h-amasan ro-innleachdail seo, gun cuir sinn ri fàs eaconomach seasmhach gus am bi Alba air fad soirbheachail.

Agus iad a' cur air adhart deasachadh phlanaichean Gàidhlig, tha Bòrd na Gàidhlig a' dèanamh cinnteach gu bheil co-phàirtean gach plana a rèir Amasan Ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba agus gu bheil iad a' cur an cèill mar a chuireas iad ris na h-Amasan Ro-innleachdail iomchaidh.

Tha am Plana seo a' leantainn Amasan Ro-innleachdail an Riaghaltais agus tha e ag obair gus an gabh iad seo a leasachadh agus choileanadh tro obair chom-pàirteachaidh shoirbheachail.

## Earrann 1 – Dearbh-aithne

Tha Comhairle Siorrachd Rinn Friù mothachail air cho cudromach is a tha e cur ri faicsinneachd na Gàidhlig agus cur ri a h-inbhe ann am beatha phoblach na h-Alba agus a bhith a' cur ris an inbhe aice.

### Feallsanachd

Faodaidh Gàidhlig anns an aithne chorporra agus anns na soidhnichean aig ùghdarras poblach cur gu mòr ri faicsinneachd a' chànain, agus tha e na theachdaireachd gu bheil an t-ùghdarras poblach a' cur meas air a' Ghàidhlig agus air mar a thathar a' toirt aithne dhi. Faodaidh leasachadh air cleachdadh na Gàidhlig tro shoidhnichean cur cuideachd ri briathrachas luchd-cleachdaidh na Gàidhlig, mothachadh poblach dhan chànain a thogail agus cur ri a leasachadh.

### Geàrr-chunntas den chleachdadh an-dràsta:

- Chan eil poileasaidh aontaichte aig Comhairle Siorrachd Rinn Friù air cleachdadh na Gàidhlig san dearbh-aithne chorporra aice aig an àm seo.

### Gnìomhan a thaobh dearbh-aithne

Gnìomh	Seirbheis(ean)	Clàr-ama
Stannardaich cleachdadh na Gàidhlig ann an aithne-chorporra Comhairle Siorrachd Rinn Friù.	Ard-oifigear	Bliadhna 1
Cleachd a' Ghàidhlig ann an soidhnichean air an taobh a-staigh, nuair a bhios seo iomchaidh, nuair a thathar ag ùrachadh soidhnichean.	Goireasan Coimhearsnachd	Bliadhna 1
Beachdaich air Gàidhlig a thoirt a-steach do shoidhnichean rathaid air slighean a-steach is a-mach do sgìre na Comhairle tro bhith chleachdadh an t-suaicheantais dhà-chànanaich nuair a thathar ag ùrachadh soidhnichean.	Goireasan Coimhearsnachd	Bliadhna 1 Leantainneach
Cleachd tiotalan dà-chànanaich airson fèisean agus iomairtean Gàidhlig a tha air an stiùireadh no air am maoinneachadh leis an ùghdarras, a' sealltainn co-ionannachd spèis dhan dà-chànain.	Ard-oifigear	Bliadhna 1 Leantainneach
Tha sinn ag amas air àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig a ghlèidheadh is àrdachadh gach bliadhna tro bhith a' toirt taic do chlasaichean do dh'inbhich.	Seirbheisean Cloinne	Leantainneach
Obraich gus am bi a' Ghàidhlig mar phàirt de thachartasan bhliadhnail chunbhalach.	Ard-oifigear	Bliadhna 1 Leantainneach
Thèid beachdachadh air cothroman gus a' Ghàidhlig a chur air adhart tro phrògram Cathair-bhaile a' Chultair 2021	Seirbheisean Leasachaidh is Taigheadais	Bliadhna 1 Leantainneach



## Earrann 2 – Conaltradh

**Tha Comhairle Siorrachd Rinn Friù mothachail air cho cudromach is a tha e cothroman a chruthachadh gus a' Ghàidhlig a chleachdadh ann am farsaingeachd de shuidheachaidhean làitheil agus tha rùn aice cur ris an ìre de dh'ullachadh aige anns an raon seo.**

### **Feallsanachd**

Tha cleachdadh na Gàidhlig sa chiad àite-coinneachaidh eadar buill a' phobaill agus ùghdarras poblach a' cur ri làthaireachd faicsinneach agus cluinntinneach a' chànain, agus a' cur ris an fhaireachdainn gu bheil cleachdadh na Gàidhlig comasach agus gu bheil fàilte air. Cho math ri bhith ag àrdachadh làthaireachd a' chànain, tha e cuideachd a' cruthachadh chothroman gus a chleachdadh agus a' toirt misneachd dhan phoball Gàidhlig a chleachdadh ann an gnothaichean eile leis an ùghdarras poblach às dèidh sin.

Tha cleachdadh na Gàidhlig ann an conaltradh leis an ùghdarras tron phost, post-dealain agus fòn cudromach ann an cruthachadh chothroman airson cleachdadh a' chànain, agus a' cur ris an fhaireachdainn gu bheil cleachdadh na Gàidhlig comasach agus gu bheil fàilte air. Tha làthaireachd dhan Ghàidhlig ann am farsaingeachd de dh'fhoirmean dà-chànanach agus ann am foirmean sa Ghàidhlig a-mhàin a' cur gu mòr ri faicsinneachd agus inbhe a' chànain. Faodaidh deasachadh dhreachdan Gàidhlig de dh'fhoirmean, bileagan iarrtais agus sgrìobhainnean mar sin, cuideachadh le leudachadh air raon briathrachais na Gàidhlig agus mothachadh luchd na Gàidhlig a thogail a thaobh a' bhriathrachas seo, mar sin a' cuideachadh le leasachadh a' chànain fhèin.

### **Geàrr-chunntas den chleachdadh an-dràsta**

- Tha Comhairle Siorrachd Rinn Friù mothachail air cho cudromach is a tha e cothroman a chruthachadh gus a' Ghàidhlig a chleachdadh ann am farsaingeachd de shuidheachaidhean làitheil agus tha rùn aice cur ris an ìre de dh'ullachadh aige anns an raon seo, agus tha sinn a' toirt taic do na dòighean-obrach seo tro na ro-innleachdan conaltraidh againn

## Gnìomhan a thaobh Conaltraidh

Gnìomh	Seirbheisean	Clàr-ama
Nuair a bhios e iomchaidh, thèid eadar-theangachaidhean Gàidhlig a chleachdadh ann am post-d air an taobh a-muigh.	Àrd-oifigear	Bliadhna 1
Nuair a bhios e iomchaidh, bidh foirmean dà-chànanach agus foirmean sa Ghàidhlig a-mhàin rim faighinn.	Àrd-oifigear	Bliadhna 1 Leantainneach
Brosnaich a' Ghàidhlig tro artaigilean a tha a' togail aire air làrach-lìn agus eadra-lìn na Comhairle.	Àrd-oifigear	Bliadhna 1 Leantainneach
Cruthaich susbaint dhà-chànanach airson nan duilleagan-lìn mun Phlana Gàidhlig, mu Fhoghlaim Luchd-ionnsachaidh, mun mhodh-obrach againn a thaobh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus mu tachartasan cultarach na Gàidhlig.	Àrd-oifigeir Seirbheisean Cloidne	Bliadhna 1 Leantainneach
Bidh sinn ag amas air freagairtean a thoirt do bhuill den phoball anns a' Ghàidhlig a tha air sgrìobhadh thugainn anns a' Ghàidhlig far an gabh seo a dhèanamh.	A h-uile seirbheis	Bliadhna 2
Nì sinn tionndadh Gàidhlig de na sgrìobhainnean mun mhodh-obrach againn a thaobh Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig.	Seirbheisean Cloidne	Bliadhna 1
Cuiridh sinn ceangal foirmeil air dòigh leis na meadhanan Gàidhlig mus tèid am Plana seo a chur air dòigh.	Àrd-oifigear	Bliadhna 1
Cuiridh sinn iar-loidhne ( <i>strap line</i> ) dhà-chànanach air an làraich-lìn againn	Àrd-oifigear	Bliadhna 1
Thèid artaigilean gus aire a thogail a chruthachadh agus a chur air làrach-lìn agus eadra-lìn na Comhairle	Àrd-oifigear	Bliadhna 1 Leantainneach
Thèid na meadhanan sòisealta a chleachdadh gus aire a thogail mu thachartasan Gàidhlig.	Àrd-oifigear	Bliadhna 1 Leantainneach

## Earrann 3 – Foillseachaidhean

**Tha Comhairle Siorrachd Rinn Friù air rùnachadh cur ri cleachdadh nan Gàidhlig ann an raointean far am biodh an ùidh a bu mhotha aig a' phoball san fharsaingeachd no far a bheil cuspairean ann a tha co-cheangailte ris a' Ghàidhlig fhèin.**

### Feallsanachd

Faodaidh cleachdadh na Gàidhlig ann am farsaingeachd de stuthan clò-bhuailte cuideachadh le leasachadh na Gàidhlig ann an diofar dhòighean. Tha e a' cur ri faicsinneachd a' chànain, tha e ag àrdachadh inbhe na Gàidhlig le bhith ga cleachdadh ann am foillseachaidhean àrd-ìomhaigheil, agus tha e a' cuideachadh le cruthachadh briathrachais ùr agus a' cur ri briathrachas a th' ann mar-thà. Tha cleachdadh na Gàidhlig anns na meadhanan a' dearbhadh gu bheil an t-ùghdarras poblach airson cothrom a thoirt air fiosrachadh cudromach tron Ghàidhlig, agus a' cur ri faicsinneachd agus inbhe a' chànain.

Agus barrachd dhaoine a' faighinn cothrom air fiosrachadh mu ùghdarrasan poblach tro na làraichean-lìn aca, faodaidh ullachadh airson cleachdadh na Gàidhlig a bhith a' cur gu mòr ri inbhe agus faicsinneachd a' chànain. Tha e cuideachadh a' brosnachadh cleachdadh teicneolas ùr agus teicneolas a th' ann mar-thà.

### Geàrr-chunntas den chleachdadh an-dràsta

- Tha Comhairle Siorrachd Rinn Friù air rùnachadh cur ri cleachdadh na Gàidhlig ann an raointean far am biodh an ùidh a bu mhotha aig a' phoball san fharsaingeachd no far a bheil cuspairean ann a tha co-cheangailte ris a' Ghàidhlig fhèin.
- Cha bhi Comhairle Siorrachd Rinn Friù a' cur a-mach fiosan naidheachd sa Ghàidhlig aig an àm seo.
- Cha bhi Comhairle Siorrachd Rinn Friù a' foillseachadh stuthan sa Ghàidhlig aig an àm seo.
- Chan eil susbaint Ghàidhlig sam bith air na duilleagan-lìn aice aig an àm seo agus cha bhithear a' foillseachadh aithisg sam bith a tha a' buntainn ris a' Ghàidhlig sa Ghàidhlig.

### Gnìomhan

Gnìomh	Seirbheis	Clàr-ama
Brosnaich gnìomhan agus euchdan Gàidhlig do na meadhanan Gàidhlig iomchaidh.	Àrd-oifigeir	Bliadhna 1
Dèan ath-sgrùdadh air sgrìobhainnean corporra gus beachdachadh air Gàidhlig a chur annta far a bheil sin buntainneach is iomchaidh,	Àrd-oifigeir Uile	Bliadhna 1 Leantainneach

## Earran 4 – Luchd-obrach

Tha Comhairle Siorrachd Rinn Friù mothachail air cho cudromach 's a tha e a' Ghàidhlig a mheas mar sgil obrach chudromach agus a bhith a' comharrachadh shuidheachaidhean far a bheil feum no fèill air a' Ghàidhlig. Tha Comhairle Siorrachd Rinn Friù a' tuigsinn cuideachd cho cudromach 's a tha e comas a thoirt do luchd-obrach an cuid sgilean Gàidhlig a thoirt air adhart ma tha iad ag iarraidh sin a dhèanamh.

### Feallsanachd

Gus seirbheisean a libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig, tha e riatanach gun tèid na sgilean-obrach iomchaidh agus na sgilean cànan aig an luchd-obrach a thoirt air adhart. Tha solarachadh chothroman ionnsachaidh do luchd-obrach a' cuideachadh le adhartachadh ionnsachadh na Gàidhlig le inbhe agus ag adhartachadh Gàidhlig mar sgil feumail san àite-obrach. Bidh comharrachadh obraichean sa bheil Gàidhlig mar sgil ainmichte a' cur gu mòr ri inbhe a' chànan agus ri bhith ga comharrachadh mar sgil buannachdail.

Tha cleachdadh na Gàidhlig ann an sanasachd a' cuideachadh cuideachd le bhith a' sealltainn gum bu chòir Gàidhlig a bhith air a cleachdadh sa bheatha phoblach agus gu bheil àite sònraichte aig luchd-labhairt na Gàidhlig ri choileanadh an taobh a-staigh ùghdarras poblach. Bu chòir do dh'ùghdarrasan slatan-tomhais neo-eisimeileach a chruthachadh agus a chur an gnìomh gus dèanamh cinnteach gu bheil a' fastadh luchd-obrach anns gach suidheachadh ann an dòigh a tha cothromach agus cunbhalach, agus gu bheil e a' nochdadh nan sgilean comharraichte airson na h-obrach.

Nì a' chomhairle sgrùdadh cunbhalach air sgilean an luchd-obrach agus comharrachaidh i raointean leasachaidh.

### Geàrr-chunntas den chleachdadh an-dràsta

- Tha Comhairle Siorrachd Rinn Friù mothachail air cho cudromach is a tha e a' Ghàidhlig a mheas mar sgil obrach chudromach agus a bhith a' comharrachadh shuidheachaidhean far a bheil feum no fèill air a' Ghàidhlig. Tha Comhairle Siorrachd Rinn Friù a' tuigsinn cuideachd cho cudromach 's a tha e comas a thoirt do luchd-obrach an cuid sgilean Gàidhlig a thoirt air adhart ma tha iad ag iarraidh sin a dhèanamh, agus a rèir feumalachdan na comhairle.
- Cha bhi Comhairle Siorrachd Rinn Friù a' toirt seachad trèanadh dhan luchd-obrach ann an sgilean Gàidhlig
- Bidh Comhairle Siorrachd Rinn Friù a' toirt taic do dh'Fhoghlam Gàidhlig sa choimhearsnachd agus bidh i a' fastadh oidean Gàidhlig ann an roinn an Ionnsachaidh Coimhearsnachd, cho math ris a' goireas cho-roinnte a th' aice de dh'Oifigear Leasachaidh Gàidhlig a th' aig comhairlean Siorrachd Rinn Friù, Siorrachd Rinn Friù an Ear agus Inbhir Chluaidh còmhla.

## Gnìomhan a thaobh Siorrachd Rinn Friù

Gnìomh	Seirbheisean	Clàran-ama
Trèanadh Gàidhlig (a' gabhail a-steach togail agus neartachadh sgilean Gàidhlig agus trèanadh mothachaidh Gàidhlig). Bidh seo ag amas air luchd-obrach 'loidhne tòisich' sa chiad dol a-mach. Thèid fiosrachadh mun phrògram agus mun Ghàidhlig a chur air an làraich-lìn againn.	Seirbheisean Cloinne	Bliadhna 1
Nì sinn sgrùdadh cunbhalach air sgilean an luchd-obrach againn gus faighinn a-mach dè na sgilean a th' aig an luchd-obrach.	Seirbheisean Cloinne Àrd-oifigeir	Bliadhna 1
Comharraich luchd-obrach a tha a tha airson trèanadh mothachaidh Gàidhlig fhaighinn agus cuir prìomhachas air seo a rèir feumalachdan na buidhne.	Seirbheisean Cloinne Àrd-oifigeir	Bliadhna 1
Obrachaidh sinn le solaraidhean CPD gus taic a thoirt do dh'iarrrtasan aig luchd-obrach a tha an sàs ann am foghlam Gàidhlig agus a tha airson an cuid sgilean Gàidhlig a thoirt air adhart.	Seirbheisean Cloinne	Bliadhna 2
Dèan cinnteach gu bheil cùrsaichean rim faighinn gus an urrainn do luchd-teagaisg fàs fileanta sa Ghàidhlig mar phàirt den Leasachadh Phroifeiseanta Leantainneach aca.	Seirbheisean Cloinne	Bliadhna 2
Nithear sgrùdadh air na cùrsaichean Gàidhlig a th' ann mar-thà agus thèid fios mun deidhinn a chur air an làraich-lìn againn.	Seirbheisean Cloinne	Bliadhna 1
Cùm oirnn a bhith a' tabhann cothroman trèanaidh do na h-oidean aig clasaichean Gàidhlig.	Seirbheisean Cloinne	Bliadhna 1 Leantainneach
Iarraidh sinn fios bho luchd-teagaisg a tha airson trèanadh Gàidhlig a dhèanamh nuair a bhios an trèanadh seo ri fhaighinn.	Seirbheisean Cloinne	Bliadhna 1

# Caibideil 3 – BUAIDHEAN POILEASaidh AIR A’ GHÀIDHLIG: a’ cur an gnìomh Plana Nàiseanta na Gàidhlig

## Buaidhean poileasaidh air a’ Ghàidhlig

Tha Comhairle Siorrachd Rinn Friù ag aithneachadh gum bi na diofar raointean prìomhachais a tha comharraichte ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig air am buileachadh gu ìre mhòr tron Phlana Ghàidhlig againn, ach gum bi cothroman ag èirigh gus an cànan adhartachadh agus a leasachadh tro phoileasaidhean a tha ann mar-thà. Nì Comhairle Siorrachd Rinn Friù sgrùdadh air na gealltanasan poileasaidh làithreach againn gus cothroman a lorg annta gus a’ Ghàidhlig a chur air adhart gu for-ghnìomhach agus gus prìomhachasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig a chur air adhart ann an dòighean eile. Tha sinn den bheachd gu bheil seo a rèir prionnsabal an àbhaisteachaidh a tha ag amas air Gàidhlig a bhith mar phàirt làitheil de bheatha na h-Alba.

Ann a bhith a’ cur ri chèile, ag ùrachadh agus a’ sgrùdadh phoileasaidhean, nì Comhairle Siorrachd Rinn Friù cinnteach gum bi a’ bhuidhean a bheir iad air a’ Ghàidhlig a rèir Plana Nàiseanta na Gàidhlig.

### Os-shealladh air Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Tha Plana Nàiseanta na Gàidhlig a’ comharrachadh ceithir taobhan ceangailte ann an leasachadh cànan ris am feumar dèiligeadh, agus a tha a’ comharrachadh grunn raointean prìomhachais taobh a-staigh seo:

#### 1. *Togail Cànan*

A’ meudachadh àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig le bhith a’ dèanamh cinnteach gu bheil an cànan ga sgaoileadh taobh a-staigh theaghlaichean agus tro chothroman èifeachdach airson Gàidhlig ionnsachadh tro:

- cur ri cleachdadh agus sgaoileadh na Gàidhlig san dachaigh
- cur ris an àireamh cloinne a tha a’ togail Gàidhlig san dachaigh
- meudachadh ruigsinneachd agus ìre-chleachdaidh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig
- cur ris an àireamh de luchd-ionnsachaidh inbheach a tha a’ ruigsinn fileantachd

#### 2. *Cleachdadh Cànan*

A’ brosnachadh barrachd cleachdadh den Ghàidhlig, a’ solarachadh chothroman gus an cànan a chleachdadh agus ag adhartachadh ruigsinneachd air cleachdadh na Gàidhlig ann an dòighean cruthachail, tro:

- cur ri cleachdadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan
- cur ri cleachdadh na Gàidhlig ann am foghlam treas-ìre agus anns an àite-obrach
- cur ri làthaireachd na Gàidhlig anns na meadhanan

- cur ri brosnachadh na Gàidhlig anns na h-ealainean
- a' cur ri ìomhaigh na Gàidhlig ann an raointean turasachd, dualchais agus chur-seachadan

### 3. *Inbhe Cànan*

A' cur ri faicsinneachd agus cluinntinneachd na Gàidhlig, ag àrdachadh a h-aithne agus a' cruthachadh ìomhaigh fhàbharach dhan Ghàidhlig ann am beatha phoblach na h-Alba tro:

- cur ris an àireamh de bhuidhnean poblach a tha a' deasachadh Phlanaichean Gàidhlig
- cur ri air ìomhaigh agus inbhe na Gàidhlig
- cur ri faicsinneachd agus aithneachadh na Gàidhlig

### 4. *Corpas Cànan*

Neartachadh iomchaidheachd agus cunbhalachd na Gàidhlig agus ag adhartachadh rannsachadh mun chànan tro:

- cur ri iomchaidheachd agus cunbhalachd na Gàidhlig
- cur ri mathas agus ruigsinneachd eadar-theangachaidhean Gàidhlig
- cur ris an rannsachaidh earbsach a tha ri fhaighinn mun Ghàidhlig

## **Aonta Comhairle Siorrachd Rinn Friù a thaobh amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig**

Tha e na rùn aig Comhairle Siorrachd Rinn Friù dèanamh cinnteach gun tèid Plana Nàiseanta na Gàidhlig a chur an gnìomh. Anns an earrann seo, tha sinn a' mìneachadh mar a choileanas sinn an t-amas sin.

### **1. Togail Cànan**

#### **Feallsanachd:**

Tha Comhairle Siorrachd Rinn Friù ag aithneachadh gum feum barrachd dhaoine Gàidhlig ionnsachadh ma tha i gu bhith seasmhach san àm ri teachd agus gum feum fòcas a bhith air an dachaigh, air foghlam agus air luchd-ionnsachaidh inbheach mar phrìomh dhòigh gus seo a dhèanamh. Gabhaidh sinn na ceumannan a leanas gus cuideachadh le àrainneachd thaiceil a chruthachadh airson fàs air àireamh an luchd-labhairt ann an Alba.

- Gàidhlig san Dachaigh** – gus àrdachadh fhaighinn ann an àireamhan luchd-labhairt na Gàidhlig, feumaidh taic a bhith ann san dachaigh; bho bhuill den teaghlach aig a bheil Gàidhlig ma ghabhas sin a dhèanamh. Chan eil an seòrsa taic seo aig a' mhòr-chuid de na sgoilearan ann an Siorrachd Rinn Friù, ge-tà, agus mar sin, obrachaidh sinn le ùghdarrasan ionadail agus buidhnean Gàidhlig nàiseanta is ionadail gus ionnsachadh mu dheagh chleachdadh agus gus ro-innleachdan a cruthachadh gus aghaidh a chur ris a' cheist seo. Am measg nan ro-innleachdan seo, bidh:
  - A' togail aire nam pàrantan mu cho cudromach sa tha e a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig san dachaigh.
  - A' toirt comhairle do phàrantan mu mar as urrainn dhaibh taic a thoirt do ionnsachadh.
  - A' lìbhrigeadh chlasaichean Gàidhlig agus a' brosnachadh phàrantan gus pàirt a ghabhail annta
- Gàidhlig ann am Foghlam** - Chan eil a' Chomhairle a' toirt seachad Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig aig ìre nan tràth-bhliadhnaichean, sa bhun-sgoil no san àrd-sgoil aig an àm seo. Tro ullachaidhean a th' ann an-dràsta, tha 26 sgoilearan à Siorrachd Rinn Friù a' dol gu FtG ann an Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu, agus gu dearbha, tha sinn a-nis air aonta a chur air dòigh le Comhairle Inbhir Chluaidh cuideachd. Tha sinn mothachail air an t-suidheachadh làithreach seo agus sinn a' beachdachadh air dòigh-obrach chom-pàirteachaidh ùr a stèidheachadh leis na h-ùghdarrasan ionadail a tha faisg air làimh. 'S e amas na dòigh-obrach seo a bhith a' stèidheachadh aonta eadar comhairlean faisg air làimh a bhiodh dèanamh cinnteach gum biodh FtG ri fhaighinn thairis air crìochan ùghdarrasan ionadail san ùine fhada agus gum biodh seo air a dhìon, a' dèanamh cinnteach gum biodh FtG ri fhaighinn anns a' mheadhan ann an sgìre Alba an iar, agus mar sin, gum biodh àireamh nan àiteachan rim faighinn ann am FtG nas àirde mar thoradh air a' cho-obrachadh seo.

<b>Gnìomhan a thaobh Togail Cànan – Dachaigh is Foghlam</b>	<b>Prìomh Oifis</b>	<b>Clàr-ama</b>
Cruthachaidh sinn stòr-dàta gus an clàraich sinn a' chlann ann an Siorrachd Rinn Friù a tha a' dol a-steach do dh'fhoghlam Gàidhlig ann an ùghdarrasan ionadail eile agus gus an adhartas ann an siostam an fhoghlam a leantainn.	Seirbheisean Cloinne	Bliadhna 1 leantainneach
Tog aire nam pàrantan mu na clasaichean a bhios ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd a' cur air dòigh gus an ìre-chleachdaidh àrdachadh tro na seanailean conaltraidh againn agus tro cheanglaichean leis na buidhnean Gàidhlig ionadail.	Seirbheisean Cloinne	Bliadhna 1 leantainneach
Dèan cinnteach gum faigh pàrantan fios gu bheil Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ann agus gum faod iad sin a thaghadh dhan chuid cloinne mar phàirt den phròiseas clàraidh dhan sgoil.	Seirbheisean Cloinne	Bliadhna 1 leantainneach



Dèan co-chomhairle leis a' phoball, le Comhairlean Phàrantan, Ceannardan Sgoile, Luchd-teagaisg agus Sgoilearan air na h-ullachaidhean a th' ann airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ann an Siorrachd Rinn Friù aig an àm seo gus faighinn a-mach le cinnt de an ìre iarrtais a th' ann agus an uair sin, dèan aithris air na toraidhean agus cruthaich plana gnìomh iomchaidh stèidhichte air seo.	Seirbheisean Cloinne Àrd-oifigeir	Bliadhna 1
Cuir ris na goireasan Gàidhlig airson clann ro-sgoile	Seirbheisean Cloinne	Bliadhna 1
Dèan suirbhidh de na sgoiltean àraich gus faighinn a-mach dè an t-iarrtas a th' aig pàrantan airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig.	Seirbheisean Cloinne	Bliadhna 1
Lean oirnn le co-obrachadh le ùghdarrasan eile faisg air làimh gus foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a thabhann.	Seirbheisean Cloinne	Bliadhna 1 leantainneach
Faigh a-mach mu Ghàidhlig a bhith mar phàirt den iomairt cànanain nàiseanta 1+2.	Seirbheisean Cloinne	Bliadhna 2
Cleachd an làrach-lìn agus na seanailean conaltraidh eile againn gus am modh-obrach làithreach a thaobh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a bhrosnachadh.	Seirbheisean Cloinne Àrd-oifigeir	Bliadhna 1 leantainneach
Cruthaich aontaidhean ìre seirbheis airson Foghlam tro Meadhan na Gàidhlig le ùghdarrasan ionadail eile faisg air làimh.	Seirbheisean Cloinne	Bliadhna 1
Rannsaich mar as urrainnear cothroman air mothachadh Gàidhlig a thoirt seachad tro ghnìomhan cultarach is coimhearsnachd.	Urras Cur-seachadan Siorrachd Rinn Friù	Bliadhna 2
Dèan cinnteach gu bheil gnìomhan/tachartasan Gàidhlig mar phàirt de phrògram tachartasan bliadhnail na Comhairle.	Àrd-oifigeir Leasachadh is Taigheadas	Bliadhna 1
Dèan rannsachadh mu bhith a' cur buidheann eadar-ùghdarrasan de phrìomh oifigearan air dòigh, a bhiodh, còmhla ris an oifigeir leasachaidh eadar-ùghdarrasail, a' beachdachadh air plana gnìomh ùghdarrasail a chur air dòigh.	Seirbheisean Cloinne	Leantainneach

## 2. Cleachdadh Cànan

### **Feallsanachd:**

Tha Comhairle Siorrachd Rinn Friù a' tuigsinn nach e a-mhàin an àireamh dhaoine aig a bheil Gàidhlig a chur am meud a tha a dhìth gus a' Ghàidhlig a dhèanamh seasmhach san àm ri teachd, ach gum feumar cleachdadh a' chànan a chur am meud cuideachd. Tha sinn a' tuigsinn cho cudromach 's a tha e comas a thoirt do bharrachd daoine Gàidhlig a chleachdadh mar an dòigh conaltraidh as fheàrr leotha agus mar an dòigh chonaltraidh àbhaisteach a th' aca ann am farsaingeachd de ghnìomhan làitheil. Mar sin, tha e na rùn dhuinn a bhith a' toirt seachad na cothroman seo san àite-obrach agus sa choimhearsnachd. Tha an earrann seo cuideachd a' gabhail a-steach molaidhean airson a bhith a' cur ri faicsinneachd na Gàidhlig ann an ullachadh na Comhairle airson cultair, dualchais agus chur-seachadan.

<b>Gnìomhan a thaobh Cleachdadh Cànan</b>	<b>Seirbheis</b>	<b>Clàr-ama</b>
Cur ri faicsinneachd na Gàidhlig agus brosnachadh a' Ghàidhlig tro ghnìomhan cultarach, dualchais is ealainean àbhaisteach.	Urras Cur-seachadan Siorrachd Rinn Friù	Bliadhna 1
Lean oirnn le bhith a' sealltainn do luchd-obrach na Comhairle gu bheil cothroman ionnsachaidh Gàidhlig ann.	Seirbheisean Cloinne  Àrd-oifigear	Bliadhna 1
Lean oirnn le bhith a' brosnachadh cleachdadh nan cruinneachaidhean Gàidhlig sna leabharlannan.	Urras Cur-seachadan Siorrachd Rinn Friù	Bliadhna 1
Thoir taic ghnìomhach do dh'ealainean, cultar agus dualchas na Gàidhlig mar phàirt de phrògraman a thèid a dhèanamh no a mhaoineachadh leis a' Chomhairle, agus dèan cinnteach gun tèid seo a thaisbeanadh.	Seirbheisean Cloinne  Àrd-oifigear	Bliadhna 1
Cùm oirnn a bhith a' maoineachadh dreuchd mar Oifigear Leasachaidh Gàidhlig tro bhuidseatan Gàidhlig aig Ionnsachadh is Litearrachd nan Inbheach Siorrachd Rinn Friù, Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear agus Comhairle Inbhir Chluaidh.	Seirbheisean Cloinne	Leantainneach
Lean oirnn le taic do Chom-pàirteachas Cille Conval eadar Siorrachd Rinn Friù, Siorrachd Rinn Friù an Ear agus Inbhir Chluaidh gus gnìomhan Gàidhlig a chur air dòigh thairis air na trì ùghdarrasan ionadail agus gus taic a thoirt do Chlann Gàidhlig.	Ionnsachadh agus Litearrachd nan Inbheach	Leantainneach
Obraich le coimhearsnachd na Gàidhlig gus buidheann a chur air dòigh gus stuthan Gàidhlig a thaghadh do na leabharlannan.	Urras Cur-seachadan Siorrachd Rinn Friù	Leantainneach
Beachdaich air Gàidhlig a chleachdadh nuair a thathar ag ùrachadh soidhnichean ann an leabharlannan, gu sònraichte ann an leabharlannan far a bheil stuthan ionnsachaidh Gàidhlig rim faighinn	Siorrachd Rinn Friù  Urras Cur-seachadan Siorrachd Rinn Friù	Leantainneach
Lean oirnn le bhith a' togail aire air clasaichean Gàidhlig tro sgioba Ionnsachadh is Litearrachd nan Inbheach agus tro bhith a' sgaoileadh bhileagan agus leabhran.	Ionnsachadh agus Litearrachd nan Inbheach	Leantainneach
Lean oirnn le bhith ag ullachadh prògram ionnsachaidh Gàidhlig a bhios a' coileanadh nam feumalachdan ionnsachaidh uile, a' gabhail a-steach clas Còmhraidh Gàidhlig a chionn 's gu bheil fèill air seo.	Seirbheisean Cloinne  Ionnsachadh agus Litearrachd nan Inbheach	Bliadhna 1
Dèan cinnteach gu bheil goireasan ùra airson FtG rim faighinn airson ionadan tràth-bhliadhaichean agus sgoiltean a tha ag iarraidh an	Seirbheisean Cloinne	Bliadhna 1

### 3. Inbhe Cànan

#### Feallsanachd:

Tha Comhairle Siorrachd Rinn Friù a' tuigsinn gu bheil na rudan a leanas a' toirt buaidh air an inbhe a th' aig cànan: an làthaireachd aige san àrainneachd làitheil, an ìre 's gu bheil an cànan air a chleachdadh, air a mheas cudromach agus air fhaicinn a bhith air a mheas cudromach leis na buidhnean sin aig a bheil pàirt cudromach nar beatha làitheil. Chaidh am Plana Gàidhlig ullachadh ann an com-pàirteachas le seirbheisean air feadh na Comhairle cho math ri buidhnean Gàidhlig ionadail. Fhuair sinn beachdan cuideachadh tron phròiseas co-chomhairleachaidh phoblach againn.

Gnìomhan a thaobh Inbhe Cànan	Seirbheis	Clàr-ama
Brosnaich a' chiad Phlana Gàidhlig aig Siorrachd Rinn Friù tro tachartas bogaidh agus tro na seanailean conaltraidh againn.	Àrd-oifigeir Seirbheisean Cloidne	Bliadhna 1
Dèan cinnteach gun tèid co-chomhairle a dhèanamh le buidhnean agus coimhearsnachdan Gàidhlig ionadail mar phàirt den phròiseas gus barrachd taic is leasachadh a thoirt dhan Ghàidhlig ann an Siorrachd Rinn Friù.	Àrd-oifigeir Seirbheisean Cloidne	Bliadhna 1 Leantainneach
Cuir ri faicsinneachd na Gàidhlig taobh a-staigh toglaichean an Comhairle, làraich-lìn na Comhairle, toglaichean cultarach agus prìomh sgrìobhainnean mar eisimpleir Plana na Comhairle, Plana na Coimhearsnachd is mar sin air adhart nuair a dh'èiricheas cothroman.	Goireasan Coimhearsnachd Àrd-oifigeir Seirbheisean Cloidne	Bliadhna 1 Leantainneach
Bheir Teachdairean Co-ionannachd agus Còraichean Daonna taic do thogail aire mun Phlana Gàidhlig tro na diofar Roinnean.	Àrd-oifigeir	Bliadhna 1 Leantainneach

### 4. Corpas Cànan

#### Feallsanachd:

Tha Comhairle Siorrachd Rinn Friù ag aithneachadh gum feumar neart is cunbhalachd na Gàidhlig a neartachadh, gu sònraichte, ann an taic do theicneolais agus goireasan eadar-theangachaidh. Bheir sinn taic do rannsachadh air tùs Gàidhlig nan ainmean àite ann an Siorrachd Rinn Friù agus cruthachaidh sinn liosta ùghdarrachaidh de dh'ainmean-àite anns an sgìre. Nì sinn ceangail leis a' chom-pàirteachas nàiseanta air ainmean-àite Ainmean-àite na h-Alba (AAA) agus le Gnàthachas Litreachadh na Gàidhlig.

<b>Gnìomh</b>	<b>Seirbheis</b>	<b>Clàr-ama</b>
Dèan cinnteach gun tèid fiosrachadh mun Ghàidhlig cho math ri rannsachadh is fianais a thèid a cho-roinn le Bòrd na Gàidhlig a chur air adhart do sheirbheisean.	Àrd-oifigeir Seirbheisean Cloidne	Bliadhna 2
Obraich leis a' choimhearsnachd Ghàidhlig ionadail agus le com-pàirteachasan gus aire a thogail mu ainmean-àite tro ghnìomhan cultarail.	Urras Cur- seachadan Siorrachd Rinn Friù	
Nì sinn liosta aontaichte de dh'ainmean Gàidhlig ann an sgìre na comhairle, ag obair le com-pàirtichean, agus foillsichidh sinn seo air làrach-lìn na comhairle.	Àrd-oifigeir	Bliadhna 1

# CAIBIDEIL 4 – BUILEACHADH AGUS SGRÙDADH

## Clàr-ama

Bidh am Plana Gàidhlig seo an gnìomh gu foirmeil airson 5 bliadhna bhon cheann-latha seo no gus an cuirear plana ùr ann an gnìomh. Ann an Caibideil 2 – Bun-dhleastanasan agus Caibideil 3 – Buidhean poileasaidh air a' Ghàidhlig tha sinn air na cinn-latha fa leth a chur ann airson dleastanasan sònraichte le fios mu nuair a tha sinn an dùil gun tèid an choileanadh.

## Sanasachd airson a' Phlana

Thèid Plana Gàidhlig Comhairle Siorrachd Rinn Friù fhoillseachadh gu dà-chànanach air làraich-lìn Comhairle Siorrachd Rinn Friù.

A bharrachd air seo, nì sinn na rudan a leanas:

- cuiridh sinn a-mach fios naidheachd ag ainmeachadh a' phlana;
- bidh lethbhreacan den phlana rim faighinn sna h-oifisean poblach againn agus anns na h-ionadan fàilte againn,
- sgaoilidh sinn fios dhan luchd-obrach againn tro eadra-lìon Comhairle Siorrachd Rinn Friù;
- libhrigidh sinn lethbhreacan den phlana gu Buidhnean Poblach Neo-roinneil, buidhnean gnìomha, luchd-ionaid agus cunnraidairean;
- sgaoilidh sinn lethbhreacan den Phlana do bhuidhnean Gàidhlig,
- sgaoilidh sinn lethbhreacan den phlana do bhuidhnean eile aig a bheil ùidh anns a' chùis; agus
- cuiridh sinn a-mach lethbhreacan a rèir iarrtais.

## **Ullachaidhean Rianachd airson am Plana Gàidhlig a Bhuileachadh**

Is e am plana seo poileasaidh Comhairle Siorrachd Rinn Friù agus tha e air aontachadh le ar àrd-sgioba stiùiridh agus buill na Comhairle.

### **Uallach Iomlan:**

Bidh an t-Àrd-oifigeir agus na na buill thaghte cunntachail aig a' cheann mu dheireadh airson dèanamh cinnteach gun coilean Comhairle Siorrachd Rinn Friù na gealltanasan a tha air am mìneachadh sa Phlana seo.

### **Luchd-obrach fa leth:**

Thèid fiosrachadh mu shusbaint a' phlana a thoirt don luchd-obrach air fad tro eadra-lìon na comhairle agus thèid fios mu leasachaidhean a' sgaoileadh tro phost-d air an taobh a-staigh agus tro choinneamhan roinne.

### **Seirbheisean air an libhrigeadh le treas phàrtaidhean:**

Thèid fios a thoirt do gach buidheann treas-phàrtaidh a tha ag obair às leth na Comhairle mu na dleastanasan anns a' Phlana Gàidhlig.

### **A' toirt fiosrachadh do bhuidhnean eile mun Phlana**

Thèid fios a thoirt do bhuidhnean a tha nan com-pàirteachaidh mu dhleastanasan na Comhairle anns a' phlana tron Chom-pàirteachas Planaidh Coimhearsnachd.

### **Goireasachadh a' Phlana**

Gheibh Comhairle Rinn Friù na stòrasan a tha a dhìth airson nan gnìomhan seo tro na buidseatan aig na seirbheisean a tha an urra riutha.

### **Sgrùdadh Buileachadh a' Phlana**

Thèid adhartas le libhrigeadh a' phlana aithris do bhuill thaghte na Comhairle agus do Bhòrd na Gàidhlig gach bliadhna.

## Fios conaltraidh

'S e am prìomh oifigear le uallach obrachail agus ceannas air deasachadh, cur an gnìomh agus sgrùdadh Plana Gàidhlig Comhairle Siorrachd Rinn Friù:

Peter MacLeod  
Stiùiriche Seirbheisean Cloinne  
Comhairle Siorrachd Rinn Friù  
Taigh Siorrachd Rinn Friù  
Sràid Cotton  
Pàislig  
PA1 1WB

[peter.macleod@renfrewshire.gov.uk](mailto:peter.macleod@renfrewshire.gov.uk)

Bu chòir ceistean mu obrachadh a' phlana bho latha gu latha a chur gu:

Seirbheis an Àrd-oifigeir  
Comhairle Siorrachd Rinn Friù  
Taigh Siorrachd Rinn Friù  
Sràid Cotton  
Pàislig  
PA1 1WB

[chiefexec@renfrewshire.gov.uk](mailto:chiefexec@renfrewshire.gov.uk)